

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Caisteal Eilean Donnain (1)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleam@bbc.co.uk. This is Litir 823. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 519 corresponds to Litir 823.

Bha mi air a bhith seachad air iomadach turas. Bha mi air dealbhan dheth fhaicinn thall 's a-bhos fad mo bheatha. Chaidh mi a chèilidh air caraid ann an Astràilia o chionn trì mìosan agus bha dealbh dheth air a' bhalla anns an t-seòmar-shuidh' aige. Agus 's iomadh bogsa de dh'aran-geàrr air a bheil dealbh dheth, uaireannan le beagan tartain timcheall air.

Tha fhios gu bheil sibh a-nise a' tuigsinn cò air a tha mi a-mach – fear de chaistealan ainmeil na h-Alba. Agus ma chanas mi gur ann air eilean beag ann an loch-mara air taobh an iar na Gàidhealtachd a tha e, bidh fios agaibh cò fear a tha mi a' ciallachadh – Eilean Donnain. Mura h-eil sibh eòlach air, tha e ann an Loch Dubhthaich, faisg air an Dòrnaidh ann an Loch Aillse.

Chunnaic mi dealbh dhen chaisteal air botal uisge-bheatha turas nuair a bha mi ann an Neapal. 'S e 'Spey Livet' a bh' air an uisge-bheatha mar ainm, ach le dealbh de chaisteal air taobh an iar na Gàidhealtachd. Dh'fhàs mi amharasach mu dheidhinn agus thog mi am botal. Air a chùlaibh bha sgrìobhte 'air a dhèanamh ann an Neapal agus chan fhaodar a reic taobh a-muigh na dùthcha'. Bha Caisteal Eilean Donnain air a' bhotal oir tha e cho ainmeil.

Ged a bha mi air a bhith seachad air a' chaisteal iomadach turas, **cha robh mi riamh air a dhol a-steach ann**. Ach chuir mi sin ceart o chionn ghoirid. Bha mi a' dol seachad air, air latha robach geamhraidheil. Shaoil mi rium fhìn, 'Carson nach tèid mi ann an-diugh nuair nach eil e trang?' Ge-tà, bha an aimsir cho dona 's **gun robh mi air mo bhog-fhliuchadh** dìreach le bhith a' coiseachd – no a' ruith – eadar an raon-pàrcaidh agus an caisteal!

Tha Eilean Donnain cho ainmeil a chionn 's gu bheil e tarraingeach don t-sùil, agus ann an suidheachadh brèagha. Bha fear-iùil againn, fear a bhuineas don sgìre. Bha e gu math fiosrachail air armachd. Bha e ag innse dhuinn mu na filmichean a chaidh a dhèanamh ann. Tha an t-uabhas dhiubh ann, eadar 'Highlander' is feadhainn Bollywood, agus iomadach film eile. Agus 's iomadh cupall a thug am bòidean pòsaidh seachad sa chaisteal, oir tha mòran ga thomhas mar àite romansach. 'S dòcha nach robh e buileach cho romansach anns an t-seann aimsir nuair nach robh teas no solas an dealain againn, ach coma leinn sin!

Dè tha an t-ainm a' ciallachadh – Eilean Donnain? Uill, a rèir choltais, tha an t-eilean – a bha bho thùs gun drochaid – ainmichte airson naomh. B' esan Donnain, an aon duine a chaidh a mharbhadh ann an Eilean Eige anns an t-seachdamh linn. Tha co-

dhiù naoi àiteachan air a bheil Cill Donnain mar ainm air feadh Alba, a' comharrachadh naomh a bha uaireigin ainmeil.

Tha dùil gun robh cealla Chrìosdail air an eilean 's dòcha anns an t-siathamh no seachdamh linn. Chan eil fianais ann de thogalach dhen t-seòrsa sin an-diugh, ged a chaidh clachan glainnichte a lorg ann. Thathar a' smaoinichadh gun robh iad sin à togalach a bhuineadh do Linn an Iarainn. Chòrd mo thuras a dh'Eilean Donnain rium, agus innsidh mi dhuibh tuilleadh mun chaisteal an-ath-sheachdain.

* * * * *

Faclan na Litreach: aran-geàrr: *shortbread*; Eilean Donnain: *Eilean Donan*; amharasach: *suspicious*; raon-pàrcaidh: *carpark*; fear-iùil: *guide*; Eilean Eige: *The Isle of Eigg*; cealla Chrìosdail: *a Christian cell*; Linn an Iarainn: *The Iron Age*.

Abairtean na Litreach: Bha mi air dealbhan dheth fhaicinn thall 's a-bhos: *I had seen pictures of it here and there*; bha dealbh dheth air a' bhalla anns an t-seòmair-shuidh' aige: *there was a picture of it on the wall in his sitting room*; le beagan tartain timcheall air: *with a bit of tartan around it*; cò air a tha mi a-mach: *what I'm on about*; Loch Dubhthaich, faisg air an Dòrnaidh ann an Loch Aillse: *Loch Duich, near Dornie in Lochalsh*; botal uisge-bheatha: *a bottle of whisky*; air a chùlaibh bha sgrìobhte: *on its back was written*; air a dhèanamh ann an Neapal: *made in Nepal*; chan fhaodar a reic taobh a-muigh na dùthcha: *not to be sold outside the country*; bha mi a' dol seachad air, air latha robach geamhraidheil: *I was going past it, on a wild wintry day*; a chionn 's gu bheil e tarraingeach don t-sùil, agus ann an suidheachadh brèagha: *because it's attractive to the eye, and in a beautiful setting*; a bhuineas don sgìre: *who belongs to the area*; fiosrachail air armachd: *knowledgeable about weaponry*; 's iomadh cupall a thug am bòidean pòsaidh seachad: *many a couple made their wedding vows*; tha mòran ga thomhas mar àite romansach: *many consider it to be a romantic place*; nuair nach robh teas no solas an dealain againn: *when we didn't have electric heat or light*; bha bho thùs gun drochaid: *which was originally without a bridge*; ainmichte airson naomh: *named for a saint*; ged a chaidh clachan glainnichte a lorg ann: *although vitrified stones were found there*.

Puing-chànain na Litreach: cha robh mi riamh air a dhol a-steach ann: *I had never gone there. This is a revision of the point I made about the construction of the pluperfect tense of verbs in Litir 804 on 14.12.14. We use the past tense of the verb 'to be' and the preposition air (originally iar meaning 'after, behind') followed by the lenited form of the verbal noun. An robh thu air biadh gu leòr a dhèanamh? 'had you made enough food?'*

Gnàthas-cainnt na Litreach: cho dona 's gun robh mi air mo bhog-fhliuchadh: *so bad that I was completely soaked*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinichadh le MG ALBA